

MG



ALBA

PASGAN-FASTAIDH

CLÀR-INNSE

FÀILTE	3
AR SAOGHAL	4
AR LUACHAN	5
TUAIRISGEUL OBRACH	6
SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH	9



Facal bhon Àrd-Oifigear againn...

Tha sinn a' sireadh **Foghlainneach Ionmhais** (cùmhnant teirm stèidhichte 24-mìosan) airson an sgioba againn ann an Steòrnabhagh.

Mar ar Foghlainneach Ionmhais, bidh pàirt chudromach agad anns an sgioba ionmhais, HR is Dearbhachd againn, a tha trang agus taiceil, a' cuideachadh le bhith a' cumail a h-uile rud a' dol gu rèidh air cùl chùisean.


Gheibh thu eòlas practaigeach ann an dreuchd ionmhais eadar-mheasgte fhad 's a tha thu a' cur ri do sgilean, ag obair a dh'ionnsaigh teisteanais agus a' togail bunait làidir airson dreuchd ann an ionmhas.

'S e deagh àm a th' ann airson tighinn a dh'obair còmhla rinn agus gus a bhith nad phàirt de rudeigin brìoghmhor. Ma tha na sgilean agus an dòigh-smaoineachaidh agad gus diofar a dhèanamh, bu toil leinn cluinntinn bhuat.

Anns a' phasgan seo gheibh thu tuairisgeul obrach, sanas obrach agus stiùireadh airson tagradh.

Ma tha riatanasan ciorraim, ruigsinneachd no in-ghabhail sam bith agaibh, feuch an innis sibh dhuinn. Bidh an sgioba againn toilichte freagradh reusanta sam bith a tha a dhìth oirbh a chur an sàs gus an urrainn dhuibh làn phàirt a ghabhail sa phròiseas fastaidh.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri do thagradh



Dòmhnall Caimbeul
18/05/2026



MG ✦
ALBA

**GAELIC FOR EVERYONE
WHEREVER YOU ARE**

BBC ✦
ALBA

FILMG ▶

Learn
Gaelic

Speak
Gaelic



AR LUACHAN

CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig.

LUCHD-AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc.

ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathas.

CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh.

SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach.

Foghlainneach Ionmhais

Tiotal Obrach	Foghlainneach Ionmhais	Ìre	A4	Uairean-a-thìde gach seachdain	37
----------------------	-------------------------------	------------	-----------	---------------------------------------	-----------

Àite

Steòrnabhagh

Raon Tuarastail

£25,292 - £28,438

Cunntachail do

Cunntasair

Dàimhean-obrach

Air an taobh a-staigh – 'S e ball cudromach den sgioba ionmhais a th' anns an neach-dreuchd, a bhios ag obair leis na roinnean uile

Air an taobh a-muigh – Solaraichean, luchd-ceannach agus uaireannan luchd-maoineachaidh agus luchd-ùidh eile

Amas

- Faigh eòlas ann an rianachd ionmhais èifeachdach
- Cùm taic ri làimhseachadh ionmhasail a tha ceart agus air an uair
- Cuidich le aithris ionmhasail, gèilleadh ri poileasaidhean agus sgrùdaidhean
- Tog eòlas air Cunntasachd, Gnothachas agus Ionmhas
- Dèan cùrsa ionnsachaidh agus faigh Teisteanas AAT Ìre 2 ann an Cunntasachd (SCQF, Ìre 6)

Prìomh Thoraidhean

- Tar-ghnìomhan air an làimhseachadh gu ceart agus taobh a-staigh nan clàran-ama a tha a dhìth
- Leabhraichean-cunntais ceannaich is leabhraichean-cunntais reic air an cumail suas gu ceart
- Clàran is sgrìobhainnean ionmhais air an cumail suas ann an cruth cunbhalach is ruigsinneach
- A' gèilleadh gu làidir ri poileasaidhean ionmhais agus inbhean dìomhaireachd
- Dàimhean matha agus proifeiseanta le solaraichean agus luchd-ùidh
- A' sealltainn adhartas le amasan trèanaidh agus sgilean san àite-obrach
- A' faighinn Teisteanas AAT Ìre 2 ann an Cunntasachd (SCQF Ìre 6) taobh a-staigh clàr-ama sònraichte ro-aontaichte

Prìomh Dhleastanasan

- Làimhsich fàirdealan, pàighidhean agus sgrìobhainnean ionmhais
- Cùm suas clàran leabhar-cunntais ceannaich is leabhar-cunntais reic
- Làimhsich pàighidhean banca airson aonta taobh a-staigh ìrean ùghdarrais tiomnaichte
- Dàta fhaighinn, a chur ri chèile agus ullachadh airson adhbharan aithris
- Cùm suas siostaman faidhlidh, chlàran agus conaltraidh ceart
- Obraich le co-obraichean gus àiteachan-fuirich is siubhal ceadachta a chur air dòigh
- Cùm taic ri pròiseasan solarachaidh agus HR
- Cruthaich fiosrachadh agus sgrìobhainnean airson sgrùdaidhean a-staigh is a-muigh
- A' coileanadh dleastanasan rianachd (clàradh, riaghladh chlàran, stialladh [shredding])
- Dèan conaltradh le solaraichean agus luchd-ùidh air an taobh a-muigh gu proifeasanta agus gu sgiobalta
- Lean dòighean-obrach, poileasaidhean agus inbhean dìomhaireachd a thaobh ionmhais
- Lean planaichean trèanaidh aontaichte agus cùm suas leasachadh proifeasanta leantainneach

- Cleachd sgilean àite-obrach agus conaltraidh (a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig san oifis)

Prìomh Sgilean

Bu chòir gu bheil na sgilean is comasachdan a leanas a bhith aig an neach-dreuchd:

Riatanach

Miannaichte

Teisteanasan / Eòlas

- Matamataig agus Beurla aig Nat 5
- Fìor ùidh ann an Ionmhas agus Gnothachas mar dhreuchd

- Eòlas obrach pàirt-ùine, greis-gnìomhachais no obair shaor-thoileach sam bith a rinn thu roimhe, gu h-àraidh ann an àrainneachd oifis
- Àrd-ìre ann am Matamataig aig C no nas àirde agus Àrd-ìre ann am Beurla aig C

Eòlas

- Ìre iomchaidh de sgilean àireamhachd is litearrachd
- Deagh aire air mion-fhiosrachadh agus mothachail air cho cudromach 's a tha pongalachd, dìomhaireachd agus gèilleadh taobh a-staigh àrainneachd gnothachais

- Tuigse bhunaiteach air prionnsapalan cunntasachd (m.e. tàrmachadh, rèiteachaidhean)

Sgilean

- Misneachail le IT agus Microsoft Office
- Deagh sgilean eagrachaidh agus planaidh
- Deagh sgilean conaltraidh
- Comas a bhith a' togail agus a' cumail suas dàimhean obrach fìor mhath le co-obraichean agus luchd-ùidh air an taobh a-muigh
- Comas obair a phrìomhachadh, a bhith ag obair a rèir chlàran-ama teann agus a bhith ag obrachadh gu socair fo chuideam
- Comas a bhith a' gabhail chùisean ort fhèin agus a bhith ag obair gun stiùireadh
- Comas stiùireadh a leantainn gu ceart agus ceistean fhaighneachd nuair a bhios tu mì-chinnteach

- Eòlas air Xero no bathar-bog cunntasachd eile coltach ris (thèid trèanadh a thoirt seachad)
- Sgilean bunaiteach ann an Excel (m.e. foirmealan simplidh, fòrmatadh, a' cur a-steach dàta)
- Comas duilgheadasan fhuasgladh, fhuasglaidhean a shireadh gu gnìomhach agus/no cùisean a thogail aig ìre nas àirde nuair a bhios sin iomchaidh

Riatanasan Cànan

- **Ìre A1 [FICE](#)** sa Ghàidhlig (A' bruidhinn na Gàidhlig aig ìre A1 no nas àirde)

Giùlan

- Comas na h-ìrean as àirde de dhìomhaireachd a chumail suas
- Treibhdhireachd is earbsachd
- Deònach a bhith sùbailte agus a bhith ag atharrachadh

- Miann airson adhartas agus gus adhartas dreuchdail a dhèanamh

- Deònach a bhith a' cumail taic ri buill an sgioba agus a bhith a' cur ri àrainneachd sgioba thaiceil

- Mothachadh air seallaidhean chàich, ag atharrachadh dòighean-giùlan agus conaltraidh gu h-iomchaidh a rèir diofar dhaoine agus shuidheachaidhean

Faid:

Teirm stèidhichte 24-mìosan

Sanas

Thig còmhla rinn! Tha sinn a' fastadh!

Mar ar **Foghlainneach Ionmhais**, bidh pàirt chudromach agad anns an sgioba Ionmhais, HR is Dearbhachd againn, a tha trang is taiceil, a' cuideachadh le bhith a' cumail a h-uile rud a' dol gu rèidh air cùl chùisean. 'S e cothrom a tha seo gus eòlas practaigeach fhaighinn ann an dreuchd ionmhais eadar-mheasgte fhad 's a tha thu a' cur ri do sgilean, ag obair a dh'ionnsaigh feisteanas agus a' togail bunait làidir airson dreuchd ann an ionmhas. Bidh thu ag obair gu dlùth leis a' Chunntasair againn agus leis an sgioba nas fharsainge, is bidh thu a' cur gu mòr ri obrachaidhean làitheil.

Bidh thu a' tighinn a dh'obair còmhla ri buidheann aig cridhe nam meadhanan Gàidhlig, gar cuideachadh gus fàs agus gus ceangal a dhèanamh ri luchd-amhairc ann an dòighean brìoghmhor.

Tha a h-uile latha eadar-dhealaichte – eadar a bhith a' làimhseachadh chunntasan is phàighidhean agus a bhith a' cuideachadh le solarachadh, bidh thu an sàs ann an raon farsaing de ghnìomhan ionmhais is rianachd. Bidh thu nad phàirt de sgioba càirdeil, sunndach agus co-obrachail a bhios a' conaltradh gu math, a' cumail taic ri càch a chèile agus ag amas air obair a lìbhrigeadh gu ceart agus gu h-èifeachdach.

Gus a bhith soirbheachail san dreuchd seo, bidh thu math air aire a thoirt air mion-fhiosrachadh, bidh deagh sgilean eagrachaidh agad, misneachd le àireamhan agus IT, agus deònach a bhith ag ionnsachadh agus a' leasachadh. Bidh thu nad bhall sgioba for-ghnìomhach, earbsach le dòigh-smaoineachaidh dheimhinneach, a tha dèidheil air a bhith ag obair còmhla ri daoine eile agus a tha moiteil a bhith a' dèanamh obair gu math.

Còmhla ri tuarastal farpaiseach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochairan, nam measg:

- Sgeama peinnsein tabhartach – 10% tabhartasan fastaiche, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh.
- 31 latha de shaor-làithean bliadhnail + 6 saor-làithean poblach (pro rata)
- Cothroman ballrachd gym
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), Creideas ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-latha mu dheireadh airson tagraidhean – **Diluain 1 Ògmhios 2026, 5f**, cha ghabhar ri tagraidhean fadalach.

Stiùireadh airson Tagradh:

Cuiribh ur Cunntas-beatha agus litir còmhdaich gu hr@mgalba.com a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh oirbh agus ur tuigse air mar as urrainn dhuibh an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail. Tha sinn cuideachd a' cur fàilte air iarrtasan ann an cruthan cruthachail eile, a' gabhail a-steach tagraidhean bhidio.

A bheil ùidh agad dreuchd a thòiseachadh ann an ionmhas taobh a-staigh gnìomhachas an telebhisean agus do chuid Ghàidhlig a chleachdadh? Cuir fios thugainn airson còmhradh neo-fhoirmeil - bu toil leinn barrachd innse dhut.

MG



ALBA

MÒRAN TAING!

